

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*Please scroll down for English Version\***

**A' Chiad Teadaidh air an t-saoghal le Gàidhlig ga fhoillseachadh as t-fhoghar**

## **04 An t-luchar 2011**

Tha teadaidh beag tarraingeach a bhios a' teagasg 33 facail ann an Gàidhlig do leanabain, pàistean òga agus clann, air an t-slighe gu bhith mar aon de na nithean as cudromaiche a bhios san stocainn Nollaige ann an Alba am-bliadhna.

Nì a dh'fheumas a bhith aig pàistean agus a bhios na chuideachadh mòr do phàrantan sam bith a tha airson a' Ghàidhlig a chur an aithne do an cuid chloinne, bidh an teadaidh ùr dathtach seo ri fhaotainn bhon Dàmhair. Ann am bruthadh putain air cluasan, spògan, casan no mionach, tha an dèideag ùr seo a' labhairt mòran dhathan, àireamhan agus chumaidhean ann an Gàidhlig. Tha am foillsichear Acair Earranta stèidhichte ann an Steòrnabagh, air tabhartas fhaotainn bho Bhòrd na Gàidhlig gus a' chiad dèideag le Gàidhlig a thoirt gu buil. Freagarrach do chloinn bho aois sia mìosan, tha an teadaidh seo sa bheil 12 òirleach a dh'àirde, mar a' chiad cheum do dh'Acair anns a' mhargaid dhèideagan. Tha an teadaidh a' cleachdadh guth Iona NicIlleathain à Àird Bhuirgh ann an Leòdhas, a tha 3 bliadhna a dh' aois.

Thuir Agnes Rennie, Ceannard Acair, "Seo a' chiad turas do dh' Acair agus tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr ris an teadaidh Gàidhlig fhaighinn a-mach dha na bùithtean ann an àm airson na Nollaige. Tha na facail uile nam facail chumanta airson àireamhan, dathan agus cumaidhean agus bidh iad cho feumail do phàrantan 's a tha iad cho spòrsail do chloinn. Tha sinn ann an còmhraidhean mar-thà le ar com-pàirtichean ann an Èirinn a thaobh comas do leabhraichean agus beothalachdan tbh a bhith a' taisbeanadh an teadaidh chòmhraideach seo! Pasgan fìor mhath do theaghlaichean òga"...

Thuir Leasaiche Foghlaim is Ionnsachaidh aig Bòrd na Gàidhlig, Màiri Nic Ille Mhaoil: "Tha rannsachadh air nochdadh gu bheil brosnachadh chloinne gu cànan ùr ionnsachadh fhad 's a tha iad òg, air an cuideachadh le an comas ionnsachaidh às dèidh sin san àm ri teachd. Tha sinn a' creidsinn gum bu chòir do ionnsachadh cànan aig aois òg a bhith spòrsail, agus tha sinn fìor thoilichte taic a thoirt do dh' Acair ann an cruthachadh na dèideig eadar-obrachail seo, airson clann òga air feadh Alba a chuideachadh ann an ionnsachadh na Gàidhlig. Bidh an teadaidh le Gàidhlig ri fhaotainn bhon t-Samhain 2011, ach bidh ro-shealladh dheth aig Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo ann an Steòrnabagh san Dàmhair.

**CRÌOCH**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu: Steven MacIomhair, Oifigear Conaltraidh is Cùisean Corporra aig Bòrd na Gàidhlig. E-Mail: [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) Fòn: 01463 225 454 Fòn-l: 07557 481 081**

## **NOTAICHEAN DO LUCHD-DEASACHAIDH:**

*Chaidh ACAIR a stèidheachadh ann an 1977 gus leabhraichean chloinne ann an Gàidhlig agus leabhraichean eile ann an Gàidhlig agus Beurla a thoirt gu buil, mar a bhiodh iomchaidh. Post-d Agnes Rennie, Ceannard Acair: [agnes@acairbooks.com](mailto:agnes@acairbooks.com).*

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



## The World's First Gaelic Speaking Teddy launches this Autumn

04 July 2011

A soft and cuddly bear that teaches babies, toddlers and children 33 words in Gaelic, is set to be a great Christmas stocking filler in Scotland this year.

A must-have for all toddlers and a great aid to any parents wishing to give their children a start in the Gaelic language, this colourful new bear will be available from November. At the press of buttons on ears, paws, feet and tummy this new toy speaks lots of colours, numbers and shapes in Gaelic.

Stornoway-based children's publisher Acair Limited have received a grant from Bòrd na Gàidhlig to develop the first Gaelic-speaking toy. Suitable for children aged six months upwards, the 12 inches tall teddy is the first step for Acair into the toy market. The teddy bear features the voice of 3 year old Iona MacLean from High Borve in Lewis.

Acair Chief Executive, Agnes Rennie "This is a first for Acair and we are really looking forward to getting the Gaelic speaking teddy out into the shops in time for Christmas. The words are all common words for numbers, colours and shapes and will be as useful to parents as they will be fun for children. We are already in discussion with our partners in Ireland regarding the possibility of books and TV animation all featuring the talkative teddy!, a great package for young families"...

Head of Education and Learning at Bord na Gàidhlig, Mary MacMillan, said "Studies have shown that encouraging children to learn a new language while young has helped them with their future learning potential. We believe that learning a new language while young should be fun, and we are delighted to assist Acair in creating this new interactive toy to help young children across Scotland in learning Gaelic.

The Gaelic speaking teddy bear will be available from November 2011, but will also be previewed at this year's Royal National Mòd in Stornoway in October.

**END**

**For further information contact: Steven MacIver, Communications and Corporate Affairs Officer at Bòrd na Gàidhlig. E-Mail: [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) Tel: 01463 225 454 Mob: 07557 481 081**

**NOTE TO EDITORS:** *ACAIR was established in 1977 to produce children's books in Gàidhlig and other books in Gàidhlig and English as appropriate. Chief Executive at Acair, Agnes Rennie. E-Mail: [agnes@acairbooks.com](mailto:agnes@acairbooks.com)*